



## Tìotal: Droch-dhiol agus dàimhean Pàirt 1: Grumadh agus brath feiseil

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

### Ceanglan Cfe

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdadh ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 3-45a</p> <p>Tha fios agam mar a gheibh mi seirbheisean, fiosrachadh agus taic ma bhios mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach ann an cunnart. Tha mi mothachail air mo chòraichean a thaobh slàinte ghnèitheasach, a' gabhail a-steach mo chòir air dìomhaireachd, agus air mo dhleastanasan, a' gabhail a-steach dhleastanasan fon lagh. HWB 3-48a</p> <p>Tha fios agam far am faigh mi taic agus cuideachadh le suidheachaidhean sa bheil droch-dhiol agus tha mi a' tuigsinn gu bheil laghan ann a tha gam dhìon bho dhiofar sheòrsaichean droch-dhiol. HWB3-49b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A' toirt iomradh air buaidh mì-chothromachd cumhachd ann an dàimhean, dàimhean feiseil nam measg, mar eisimpleir, aonta, fòirneadh, uallach airson giùlan agus co-dhùnaidhean.</li> <li>• Fios air mar a gheibh iad fiosrachadh dìomhair, stiùireadh agus taic.</li> <li>• A' toirt eisimpleirean de laghan co-cheangailte ri fallaineachd feise, mar eisimpleir aois aonta, cead air dìomhaireachd, aonta, fòirneadh, grumadh.</li> <li>• Fios agus eòlas air dè bu chòir dhaibh a dhèanamh ann an suidheachadh droch-dhiol no giùlan mì-fhreagarrach fheiseil, mar eisimpleir, a' toirt dhàimhean mì-fhallain gu crìch, taic ionadail, am poileas.</li> </ul>

### Amasan ionnsachaidh

- Gun dèan daoine' òga sgrùdadh air comharran droch-dhiol ann an dàimhean agus gun urrainn dhaibh grunn dhòighean siridh taic a mholadh.
- Gun tuig daoine' òga gu bheil an lagh gan dìon bho dhroch-dhiol ann an dàimhean.

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- 'S urrainn dhomh comharran dàimh mì-fhallain aithneachadh.
- 'S urrainn dhomh bruidhinn air mo chòir air a bhith sàbhailte ann an dàimhean dlùth agus gnèitheasach.
- 'S urrainn dhomh stòran fiosrachaidh, cuideachaidh agus taic ainmeachadh.

### Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- *Online grooming* <https://youtu.be/47ficaYb2wk> (faid 5 mion. 26)
- *What happens when you contact Childline?* <https://youtu.be/rARrprkysqQ> (3 mion. 8)

Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdadh, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

## Obair

1. Tòisich an leasan seo agus an ath leasan mar a leanas: Bidh na daoine òga a' cur seachad seisean no dhà a' smaoinichadh agus a' bruidhinn mu dhàimhean; bidh cuspairean cudromach agus trom-chùiseach ann. San t-seisean seo, bidh seo mu ghrumadh agus san ath sheisean mu dhiofar sheòrsaichean droch-dhìol ann an dàimhean. Mar sin, agus mar thoisich-tòiseachaidh, seo na tha sinn a' ciallachadh le grumadh (air dà shlaighd).

'S e **Grumadh** a chanas sinn ris nuair a bhios neach a' togail dàimh le neach òg agus an uair sin a' toirt orra rudan feiseil a dhèanamh an aghaidh an toil. 'S e seòrsa de bhrath feiseil a th' ann an grumadh.

Faodaidh grumadh tachairt le cuideigin as aithne dhut mar charaid teaghlaich no cuideigin aig club no cur-seachad dham bi thu a' dol. Faodaidh grumadh cuideachd tachairt air-loidhne.

2. **Dè th' ann an neach-grumaidh?** Tha an ath shlaighd ag innse tuilleadh mu cò dh'fhaodas a bhith na neach-grumaidh. Cleachd an slaighd airson còmhraidh a bhrosnachadh, a' dèanamh measadh air eòlas agus tuigse nan daoine òga. Tha mòran dhen fhiosrachadh air a' chuspair seo mu ghrumadh air-loidhne, ach tha e acuideachd cudromach aire a tharraing (tro chòmhradh) gum bi seo a' tachairt aghaidh ri aghaidh cuideachd agus gum bi e a' gluasad eadar suidheachaidhean.

Bidh **neach-grumaidh** a' dèanamh ceangal fhaireachail riut, 's dòcha gun can iad gur e caraid a th' annad an toiseach, an uair sin iarraidh iad rudan mar seo:

- Bruidhinn mu rudan feiseil
- Dealbhan rùisgte dhìot fhèin
- Bhidiothan feiseil dhìot fhèin
- Rudan a dhèanamh beò air webcam
- Tachairt riutha aghaidh ri aghaidh.

3. **Grumadh: Ciamar a bhios e a' tòiseachadh?** Cleachd slaighd na ceistean. Inns, aig an toiseach, gu bheil luchd-grumaidh gu math seòlta, cha bhith iad ag iarraidh air neach òg rudan feiseil a dhèanamh ro thràth. Bidh iad a' togail dàimh an toiseach, mar sin: **Dè na rudan a dhèanamh neach-grumaidh an toiseach airson earbsa a thogail ri neach òg?** Brosnaich beagan còmhraidh agus an uair sin cleachd na 4 slaighdean a leanas airson a dhol tro na puingeann a' cur riutha ma tha sin freagarrach, dèan cinnteach à tuigse agus ag iarraidh bheachdan/cheistean mar a th sibh a' dol air adhart:

**Grumadh: Ciamar a bhios e a' tòiseachadh?** Tha gach suidheachadh eadar-dhealaichte ach:

- 'S dòcha gun tòisich neach le bhith càirdeil, teachdaireachdan agus còmhradh.
- Tha an neach airson gum bi earbsa agdsa annta.
- 'S dòcha gum bi iad a' cur an ìre gur iad do bhràmair.
- 'S dòcha gum iarr iad ort ur còmhradh a chumail dìomhair.
- 'S dòcha gum toir iad airgead no prèasantan dhut.
- Bidh iad ag iarraidh faighinn a-mach cuin a tha thu leat fhèin (airson 's nach fhaigh duine eile a-mach mun deidhinn)
- 'S dòcha gum iarr iad ort dealbhan a chur thuca dhìot fhèin.

- An uair sin bidh iad a' cur thugad theachdaireachdan feiseil, 's dòcha gum feuch iad ri bhith laghach no èibhinn an toiseach, an uair sin fàsaidh iad nas feiseil.
- Mu dheireadh 's dòcha gum bi iad a' maoidheadh ort no a' feuchainn ri eagal a chur ort airson 's gun dèan thu rudan eile.

**4. Coimheadaibh film Childline:** Can gur e còmhradh goirid a th' anns an fhilm seo eadar neach-comhairle Childline agus cluicheadar gheamannan air-loidhne mun chuspair. *Online grooming* <https://youtu.be/47ficaYb2wk> (5 mion. 26) Coimheadaibh agus bruidhneibh mu na beachdan aca air an fhilm, na cùisean a th' ann agus a' chomhairle a thathar a' toirt seachad.

**5. Dè bhios a' cur bacadh air daoine òga bho bhith ag innse?** Tha e cudromach tuigsinn nach bi daoine òga an-còmhnaidh ag aithneachadh grumadh agus, nuair a tha, bidh iad a' faireachdainn gu bheil iad glacte leis. Cleachd a' chiad shlaighd gus a' cheist a chur, beagan deasbaid a dhèanamh ann am buidhnean no mar chlas, agus an uair sin cleachd an ath shlaighd gus faighinn a-mach a bheil iad gam faicinn sin nan cnapan-starra bho bhith *ag innse* agus a' sireadh cuideachadh. Ma tha e na chuideachadh anns an t-suidheachadh agad, sgaoil an slaighd seo leis na 5 puingeann, agus coimheadaibh orra puing mu seach.

**Dè bhios a' cur bacadh air daoine òga bho bhith ag innse do chuideigin?**

1. Uaireannan chan eil neach òg a' tuigsinn gur e grumadh a th'anns na tha a' tachairt.
2. Faodaidh an neach-grumaidh a bhith cho seòlta 's gum bi an neach òg a' creidsinn gur e caraid no bràmair a th' anna.
3. Bhon a tha brath ga ghabhail air neach òg, 's dòcha gum bi nàire orra.
4. 'S dòcha gum bi an neach òg a' faireachdainn dona mu rudeigin a rinn iad – fiù 's ged a chaidh toirt orra an aghaidh an toil no gun deach am mealladh le cleasan.
5. Maoidhidh an neach-grumaidh innse do dhaoine no an goirteachadh no rud a sgaoileadh.

**6. San ùine a tha air fhàgail,** cuir an cuimhne nan daoine òga gum faod daoine dhen aois acasan bruidhinn ri Childline mu rud sam bith. Seall an slaighd (agus an uair sin coimheadaibh am film goirid còmhla).

**Cha bu chòir do neach sam bith cuideam a chur ort gus rudan feiseil a dhèanamh.** Ma tha seo a' tachairt dhut, chan eil thu nad aonar. Faodaidh tu bruidhinn ri inbheach earbsach no ri neach-comhairle Childline.

Tha **Childline** a' tabhann comhairle agus taic an-asgaidh do dhaoine òga de gach aois. Ge bith dè an iomgain, ma tha e mu chuideigin air a bheil gaol agad, tha luchd-comhairle Childline ann airson cuideachadh. Bruidhinn riutha air a' fòn, air-loidhne no air post-dealain aig àm sam bith.

**Fiosrachadh agus còmhradh air-loidhne** <https://www.childline.org.uk/>

**Fòn: 0800 1111**

**7. Coimhead am film:** *What happens when you contact Childline?* (3 mion. 8)  
<https://youtu.be/rARrpkysqQ>

**Ceangal ris an dachaigh**

*Dh'fhaodar an teacsa seo a chleachdadh airson fios a chur dhachaigh gu pàrantan agus luchd-cùraim mu obair a' bhloc seo.*

## ***Pàirt 2: Smachd-cèile, Fòirneadh agus Fòirneart***

Tha sinn a' bruidhinn agus ag ionnsachadh san sgoil mu dhroch-dhìol agus dàimhean. Tha sinn airson a bhith cinnteach gun aithnich daoine òga comharran dàimh mì-fhallain agus gum bi fios aca càit am faigh iad cuideachadh agus taic.

Nuair a bhios sinn ag ionnsachadh mu dhàimhean mì-fhallain, tha sinn a' bruidhinn mu ghrumadh, brath feise agus droch-dhìol teaghlachail (a dh'fhaodadh a bhith a' toirt a-steach droch-dhìol fhiosaigeach, droch-dhìol fhaireachail, droch-dhìol fheiseil, droch dhìol dhidseatach agus droch-dhìol ionmhasail).

Tha am fiosrachadh seo mu ghrumadh, dè tha e a' ciallachadh agus mar a dhìonas sinn clann agus daoine òga:

- Bidh sinn a' brosnachadh chloinne gus fios a chur gu Childline ma tha iomagain orra. Faodaidh iad fònach gu 0800 1111 no bruidhinn air-loidhne aig <https://www.childline.org.uk/> ann an dìomhaireachd.
- Mar inbheach, ma tha thu fo bhuaidh droch-dhìol san dachaigh, no ma tha dragh ort gu bheil neach eile san t-suidheachadh, mholamaid fios a chur chun na seirbheis *Scotland's Domestic Abuse and Forced Marriage Helpline*. Tha iad a' toirt taic agus cuideachadh aig àm sam bith air 0800 027 1234 agus air-loidhne an seo: <http://sdafmh.org.uk>
- Droch-dhìol agus dàimhean: Smachd-cèile, Fòirneadh agus Fòirneart